

's am bith comhradh ris bha e cuirteil, eireach-dail, mar gu'm bu phrionns' a bhiodh ann.

Mar Ghaidheal bha e làn-inntinneach, dileas agus fialaidh. Bha e deidheil air a' Ghaidhlig agus air eachdraidh na Gaidhealtachd air an robh e mion-eolach. Bha e pròiseal mu na rinn na Gaidheil do Chanada; agus beagan mhiosan mu'n do chaochail e dh' iarr e orm a chuideachadh gu commonn de chlann Rois a chur air chois ann am America. Chaidh so dheanamh agus chaidh e fein a thaghadh air an ceann. Bu toil leis a bhi cluinntinn 's a bhi comhradh mu na Gaidheil, agus bha tlachd aige a bhith 'n am measg. "A chuid de Phàras dha." 'S fhada mu'n tig an latha air nach bi ainm air a mholadh am measg a cho-luchd-duthcha ann an Canada.